



CEITHIR COMHRAIDHEAN

CEIST NAN CEIST.

Le Donnchadh MacLain, Ile.

AN EALDHAIN UR.

Le Coinneach MacDhomhnaill, Cunndain.

GAOL AGUS DUTHCHAS.

Le Iain R. MacGille na Brataich.

COINNEACH BEAG AGUS DOMHNULL BAN.

Le Donnachadh MacDhomhnuill, Leòdhas.

AN COMUNN GAIDHEALACH,
212 Sràid West George, Glascho.
1931.

National Library of Scotland



B000543147



CEITHIR COMHRAIDHEAN

CEIST NAN CEIST.

Le Donnchadh Maclain, Ille.

AN EALDHAIN UR.

Le Coinneach MacDhomhnaill, Cunndain.

GAOL AGUS DUTHCHAS.

Le Iain R. MacGille na Brataich.

COINNEACH BEAG AGUS DOMHNULL BAN.

Le Donnachadh MacDhomhnuill, Leòdhas.

A' Phris, Se Sgillinn.

AN COMUNN GAIDHEALACH,

212 Sràid West George, Glascho.

1931.

A. LEARMONTH & SON,
Printers,
9 King Street, Stirling.

LIBRARY OF
B
4-4 AUG 1972
TURNOVER AND

CEIST NAN CEIST.

LE DONNCHADH MACLAIN, ILE.

(A' cheud duais, Mod 1929.)

MAIRI MHOR—(*Ag obair feadh an tighe 's i a' bruidhinn rithe fhéin*)—Tha mi cho sean 's a tha mi, 's chan eil mi latha na 's sine, ach air mo bhoineid gu'n do rinn mi obair latha 'n diugh nach do rinn mi a leithid an dà latha so. Esan 's a cheistean! Nach robh mi cho searbh dheth 's a bha mi riamh de mo sheana bhrògan. 'G am ruith do Choinne-nan-Ceist ceart mar a ruagas an cibeir ruadh 's a chuid chon truaghan caora a steach do'n fhang. Ach mo ghille math! “Rinn mi an gnothach ort an diugh, mar thubhairt an sionnach ris a' choileach dhubb.”

Och, a chlann bheaga 's a dhaoine móra, nach ann agamsa tha an t-aobhar air bhi taingeil! Gu siorruidh tuille cha bhi mise 'n am chulaidh-mhagaidh agaibh a' gàireachdaich air a h-uile facal a thuiteadh o'm bhilean, uibhir agus gu robh móran feala-dha is lànaighear r'a fhaotainn ann an ceistean beann-aichte na *caraisde*. Thachair an Ceistear, Alasdair sgiobalta fhéin, orm an diugh 's a' mhaduinn air cùl a' chnuic bhig is mi tighinn as a' bhlàr mhòna, agus o'n a bha an t-ám 's an t-àite cho freagarrach 's gun chù no duine 's an éisdeachd, thairg mi dha cearc-nan-eun

air bhann gu leigeadh e leam cead mo choise,
 saor o choinne-nan-ceist. Bha iomadh och
 is ach aige ach air an deireadh thall striochd e
 agus, a nis, a phaisdean, gheibh an Ceistear
 cearc-nan-eun le fùchdan fàilte 's gheibh Màiri
 Mhór fois !

(*Suidhidh Màiri gu socair 's i pasgadh a làmhan. Thig buille chruaiddh do'n dorus. Màiri ag éirigh 's i bruidhinn rithe fhéin*)—Och, Och,
 fois ! An dubhaint mise fois 's nach b'aithne
 dhomh riamh aona-chuid fois no clos ! (*Fos-glaidh an dorus*).

AN CEISTEAR—A bheil thu stigh, a Mhàiri,
 a ghalad ?

MAIRI—Tha mi, Alasdair. Thig a nuas is
 dean suidhe.

AN CEISTEAR—Agus dé mar tha thu a' cumail,
 a Mhàiri ?

MAIRI—Tha dùil agam nach d' éirich driodh-
 fhortan 's am bith dhomh o mhaduinn, is
 bhiodh e dàna dhomh bhi a' gearan (tapadh
 leatsa) cho fada 's a cheadaicheas an Cruith-
 fhear dhomh bhi gluasad. Tha mi an dòchas
 nach eil car cearr ort fhéin, Alasdair, ged is
 beag a shaoil mi nach bitheadh tu air tòir na
 circe brice cho èasgaidh.

AN CEISTEAR—Tha mise, taing do'n Fhreas-
 dal, an còir a' chothroim, gu robh math agadsa,
 a Mhàiri.

MAIRI—Nach mi tha toilichte gu'n d'thainig
 thu, Alasdair. Cuidichidh tu leam greim
 fhaotainn air a' chirc bhric. Tha i cho euthaich
 an drasda 's gu saoileadh tu gu robh an da-
 shealladh aice, mar a bha aig MacAoidh na
 Ranna, 's gu robh fhios aice gu robh mi an dùil
 dealachadh rithe.

AN CEISTEAR—Cearc bhreac na dunach !
 Chan e aona-chuid cearc dhubb no dhonn a
 thug mise 'n rathad so an diugh ach mo chogais
 is mo dhleasdanas.

MAIRI—Ha, ha ! Nach dubhairteadh riut !
 “ Co shaoileadh gu robb laogh 'sa ghamhainn.”

AN CEISTEAR—Chan 'eil baotharachd a chum
 éifeachd, agus tha e mar fhiachaibh ormsa
 m'fhacal saor a bhi agam nach do rinneadh
 dearmad orts a seach aon de'n fheadhainn eile.

MAIRI—O shiorruidh !

AN CEISTEAR—Ciod e tha an t-Seachdamh
 Aithne a toirmeasg dhuinn, a Mhairi ?

MAIRI—O righ ! Fhearaibh 's a dhaoine !
 Nach e sin an gnothach a' cheist sin fhaigh-
 neachd dhiomsa an deidh na thachair eadar
 thu fhéin is mise air cùl a' chnuic bhig air
 moch eiridh mhaduinn an diugh !

AN CEISTEAR—Ged bha mise cho socharach
 's gu'n do cheadaich mi dhuit fuireach á Coinne-
 nan-ceist, gidheadh, chan eil mi a' tighinn an
 cois m'fhacail air dhoigh 's am bith le tighinn
 agus na ceistean a chur ort air clach-an-teintein
 agad fhéin.

MAIRI—Obh, Obh ! A chiall O ! “ B'e sin
 mo losgadh 's gun mo chur air teine.” Chan
 eil ann dhomhsa ach “ O'n droighinn gus na
 dreasan.” Dìreach “ bata fada, cam, agus
 bata cam, fada.”

AN CEISTEAR—So agad ma ta, ceist bheag
 fhurasda—Ciod e crioch àraig an duine ?

MAIRI—(*Gu frionasach*)—Tri chàird anairt
 is da dhéile giubhais.

AN CEISTEAR—Ud, Ud ! Nach e sin a'
 chainnt, a Mhairi !

MAIRI—Cainnt ann no as 's e sgailc-mhullaich na firinn a th'ann co dhiubh, mar is math tha fhios agad is a liuthad faireiridh aig an robh thu.

AN CEISTEAR—Saoil thusa ma tà, a Mhàiri, a bheil fhios agad ciod e tha an Ceathramh Aithne ag iarraidh ?

MAIRI—Muire tha, a ghaolaich ; barrachd 'sa gheibh i ! Tha, mo chreach, sin seachad oirre tuille. Chan eil ann an diugh ach bàtan, carbadan, cleasan, iomairt, cluiche 's peasanachd de gach seòrsa, mar gu'm biodh gach duine air bàinidh airson a' bhuiile-bhàis a thabhairt do'n t-Sàbaid mu chlàr-an-dealain agus cur as di air fad. Mo thruaigh ! Mo thruaigh ! C'aite bheil sàmhchar is suaimhneas an Domhnaich a nis ? Is cuimhne leamsa an uair a bha mi am chaile bheag nach robh a chridhe againn dol do'n tobair airson cuinneag uisge air latha na Sàbaid ged a robh muinntir an tighe air tràsgadh le pathadh. " As a so suas " theireadh m'athair gu stòlda, " cha dean sibh dearmad air gach goireas is deireas de'n t-seorsa sin a sholar gach Sathurna." Ach an diugh nach ann a chi sinn am fairbheach caol a' tarruing uisge na crannaige as an fhuaran air Dia-domhnaich ! An tuathanach gallda le charbad-each a' gleadhraich 'sa straighlich a slos an rathad mó. Cibeirean a mach ri leitir nam beann a feadalaich 'sa rànaich mar nach robh latha eile ri tighinn. Uaislean an Tighe-mhóir le'n carbad theinidh a' falbh do'n t-searmoin ; " tethfuar " 'na shuidhe 's an. . . .

AN CEISTEAR—Chauffeur, a Mhàiri ! Chauffeur !

MAIRI—Seadh, seadh, ‘tethfuar’; nach e sin a thubhairt mi ! Na abair thusa, Alasdair, big ris an eun gus an tig e as an ubh ! Agus mar bha mi ag radh ; ‘tethfuar’ ’na shuidhe ’s an toiseach, làmh aige ’s an stiuir agus an làimh eile a sior phlùchadh bolg na dùdaiche uamhasaich tha an sud, o’n a dh’fhalbas e gus an till e mar gu’m biodh e air bàinidh fios a leigeil do’n t-saoghal uile cho furasda ’sa tha e dhasan an Dòmhnaich a bhriseadh.

AN CEISTEAR—Tha mi ag aideachadh, a Mhàiri, nach ’eil agad ach cnaimh droma na firinne anns a h-uile facial a thubhairt thu, ach chan e sin freagairt na ceiste.

MAIRI—Ciod e’s fheairde dhuitsa na dhomhsa bhi luaidh air na nithean tha an Ceathramh Aithne ag iarraidh agus fhios againn ’n ar cridheachan gu bheil na ceart nithean sin air an diùltadh agus air an toirmeasg dhi le cleachd-aidhean na dùthcha.

AN CEISTEAR—Droch cleachdaidhean gun teagamh ; ach is e na daoine òga, amaideach is coireach.

MAIRI—“ Chan ann am Bód uile tha’n t-olc,” agus is e mo mhór bharail-sa gu bheil iomadh spalpanach feusagach ’nam measg a thainig gu aois is inbhe. Daoine crìochnaichte bu chòir bhi aig tuigse ’s aig ciall agus càch a theagasc gu stuamachd is measarrachd ; ach, mo chreach, an aite sin nach ann a chithear iad a’ geadais ris na gòragan truagha sin á Glaschu, na “ Flabbaran ” mar a theirear riutha.

AN CEISTEAR—Flappers !

MAIRI—(*Gu crosda*)—Nach e sin a thubhairt mi ! Na bi thusa ag aithris-bheulain ormsa,

Alasdair. “ Cha deachaidh ceann riagh air Tigh-a-mhagaidh.”

AN CEISTEAR—Och, gabh mo leisgeul, a Mhàiri. Cha robh sion agam foidhe; ach nach treun leatsa nach 'eil am ministear a' cur gùn-odhar na h-eaglaise air a' ghràisg ud !

MAIRI—Am Ministear ! An duine laghach. Gu dearbh chan eil farmad agam ris. Nach 'eil e gun tàmh gun fhois a' breabadh 's a smùideadh na crannaige ag innseadh an call 's an cunnart dhoibh; ach bhiodh e cho math dha “ bhi tumadh a chorraig 's an luathre.” Daoine gheibh blas air sòlasan saoghalta chan ann “ gun fhuaim greinge ” a ghabhas iad aonachuid tilleadh na iompachadh.

AN CEISTEAR—Glé cheart, a Mhàiri.

MAIRI—Cho ceart 'sa ghabhas e bhith ! Nach fhaic thu (chan ann a choimeas duine ri beathach) gach spréidh agus treud a gheibh blas aon uair air gart is gann gu'n gabh iad cumail as tuille, ged is iomadh uair a ni iad coire orra fhein le bhi sàsachadh an cloccrais tuille 'sa chòir. Tha dùil agam fhéin nach 'eil daoire air an talamh cho sàraichte ri na buachailean.

AN CEISTEAR—(*A'seinn*)—

“ 'Si obair na dunach a' bhuachailleachd,
Seach obair a chunna na chuala mi;
Gur mór a ghabh mi de fhuath oirre
'S mi fuar am fasgadh cruaich mhòna.”

MAIRI—B'fhior dha sin, theid mise 'n urras ! Nach fhaic thu, gu ruige na clearcan agam, cha ghabh iad cumail á cron. Cha luaithebheir an tàilleir bochd cùl a chinn ris a' ghàradh na tha iad a stigh 'g an criaradh is 'g an cluaid-

eachadh fhéin mar gu'm biodh iad a' gabhail tlachd mór ann a bhi deanamh gach milleadh air na geadan is urrainn dhoibh.

AN CEISTEAR—Tha toil-inntinn aca ann an deanamh an uile, mar gu'm b'eadh.

MAIRI—Dirreach! Tha iad air am bruideadh leis a cheart bhruideig a tha bioradh 'sa buair-eadh na gràisg ud eile gu bhi truailleadh gach reachd is riaghailt air ghaol bhi sàsachadh an càil 's an ciocrais mi-nadurra air sòlasan faoine anns nach 'eil math 's am bith ach móran coire 's croin. Chan 'eil fhios agam de tha an saoghal so tighinn g'a ionnsuidh idir. Tha daoine an déidh am "maidean a leigeil le sruth."

AN CEISTEAR—Thaining iomadh caochladh air an t-saoghal o'n bha thu fhein is mise òg, a Mhàiri.

MAIRI—(*A' toirt godadh air a ceann*)—"Chan eil carraig air nach caochail sruth" is chan eil sinn cho sean 's nach deanamaid maorach fhathast.

AN CEISTEAR—Dheanadh ri reothairt, ach cha dean ri conn-traigh.

MAIRI—(*A' tabhairt osann aisde*)—Och, Och, Alasdair! Saoilidh mi gur ann an dé bha thu fhéin is mise a' dol do'n sgoil comhla.

AN CEISTEAR—(*A'tarruing a chathrach rudan beag na's dluithe do Mhàiri*)—Och, a Mhàiri! Nach minig mi cuimhneachadh air na laithean sona sin. A bheil beachd agad air an latha phòg mi thu an uair a thuit am bad shobhrachan ort anns an linne dhuibh?

MAIRI—(*A' suathadh a sùilean le neapaicin*)—Gusiorruidh cha téid an latha sin air di-chuimhn.

Nach 'eil na sobhraichean agam fhathast gu gleidh teach, eadar duilleagan a' Bhiobuill; ach tha thusa is mise, Alasdair, 'n ar n-aonarain bhochd air seachran air a cheile, direach mar a thuirt am facal—"An cù suas 's am fiadh sios."

AN CEISTEAR—(*A' tarruing crioman beag eile na's dluithe*)—"Is fearr treabhadh anmoch na gun treabhadh idir."

MAIRI—"Is phasa càl fuar a theòdhadh na càl ùr a dheanadh."

AN CEISTEAR—(*A' tighinn na's dluithe*)—Tha tighinn fodham ceist eile chur ort, a Mhàiri.

MAIRI—(*A' teannadh air falbh gu grad*)—Ceist fhad' ort! Nach 'eil mi seachd searbh dhiubh.

AN CEISTEAR—Ach is i so Ceist nan Ceist!

MAIRI—"Cluinneam thu," mar thuirt Calum bodhar ris a' chuthaig.

AN CEISTEAR—Tha druim an tighe agamsa air failneachadh. Tha am maide-droma ag aomadh. Feumaidh e lànain ùr airson a neartachadh. Tha spàrr agam fhéin agus tha mi a' faicinn gu bheil an leth-spàrr eile agadsa. An cuir thusa do spàrr-sa ri mo spàrr-sa chum is gu'n dean sinn lànain ùr do'n tigh?

MAIRI—Ma ta, Alasdair a ghràidh, is mise chuireas, le fùchdan fàilte, agus fuaignidh am ministear beannaichte dhuinn iad ri a cheile, le tàirngnean nach meirg!

AN CEISTEAR—Mar thuirt mo laochan, Donnchadh Bàn—

"Le cùmhnantan teann 's le banntaibh daingean
Le snaim a dh'fhanas 's nach tréig."

(*Beiridh iad air làmhan a chéile.*)

AN EALDHAIN UR.

Le COINNEACH MACDHOMHNAILL (Nach
Maireann), Cunndain.

(An dara duais aig, Mòd 1929.)

IAIN OG—Beannaich romham. A' bheil
duine a stigh ?

ROB MOR—Tha, agus tha mi glé thoilichte
gu'n d'thainig thu oir tha mise an so leam
fhein.

IAIN OG—Tha thu ann ad bhanntraig an
nochd, a' bheil ?

ROB MOR—Tha: dh'fhalbh a' bhean agus
Seonaid NicCoinnich gu Comunn nam Ban.

IAIN OG—Dh'fhaoidte nach misde na mnathan
an comhairle a chur cuideachd an dràsd agus
a rithist.

ROB MOR—Chan urrainn dhomh dad a ràdh
mu dheidhinn sin. Is math leam gu'n do
thogair thu tighinn, oir bhithinn glé aonaranach
an so leam fhéin.

IAIN OG—Pif ! Cha dean sin dolaidh oirbh.
Coimhead ormsa a tha fuireach leam fhéin a
ghnàth, agus cha do ghearrain mi riamh air
cianalas.

ROB MOR—Ged tha, tha mise a' cantainn
riut nach 'eil e ceart do dhuine 'sam bith a
bhi fuireach ann an tigh leis fhéin, gu h-àraidh
neach aig a' bheil fearann agus a dh'fheumas
obair a muigh agus a stigh a dheanamh. Ge

b'oile le 'dhùrachd theid an dara h-aon diubh air ais agus bithidh a' bhuil air fhéin aig a' cheann thall.

IAIN OG—Thug mise greis mhath air deanamh air mo shon fhéin ma ta, agus chan 'eil umhail agam gu bheil mi fhéin a' dol air ais, no mo chuid a' dol a dholaidh ann an dòigh 'sam bith.

ROB MOR—Cha ruig thu leas sin innseadh dhomhsa. Na'n robh thusa air bean fhaighinn an deidh bàis do mhàthar bhiodh loinn ort fhéin an diugh nach 'eil ort, agus maoin ann ad stòr nach 'eil ann.

IAIN OG—Tha sin dìreach a reir na té a bhiodh innte. Dh'fhaoidte gur ann a chuireadh i as dhomh an tìne ghoirid le ana-caitheadh agus cion na céille.

ROB MOR—Is ann glé thearc a gheibh thu té mar sin an tìr do dhùthchais, agus ma theid thusa gu Galldachd a shireadh mnatha chan fhearr na sin a thoilleas tu.

IAIN OG—Cumadh sibhse oirbh agus chi sibh bean-tighe agamsa a dh'aithghearr; té nach iarr a breugadh agus nach fheum a brosnachadh.

ROB MOR—Is cinnteach gu robh ise air a dealbhadh ann an glamus duit fhéin; oir thatar a' gearan air searbhan tan an latha diugh nach 'eil iad idir cho umhail, no cho èasgaidh, agus a bu chòir dhoibh a bhith.

IAIN OG—Cha bhi an té a tha mise an dùil fhaighinn an eisimeil có a chi a dealbh no a cleachdaidhean, agus chan 'eil ni ris nach cuir i a làmh.

ROB MOR—Dh'fhaoidte gu'n éirich thu maduinn air choir-eigin agus nach bi agad ach an gad air an robh an t-iasg. Bidh ise

an déidh imrich a dheanamh gu ceann eile na dùthcha agus thusa air do mhealladh cho mór agus a bha thu an dùil a bhi sona.

IAIN OG—Theid mise an urras dhuibh nach tachair sin. Searbhanta earbsach, sgiobalta a bhios innte, agus cha bhi agam ri dheanamh ach mo mheur a thogail agus theid ise gu obair gun dàil.

ROB MOR—Is ann duit a rug an cat an cuilean.

IAIN OG—Cha do rug, ach rug mórr-innleachd an latha diugh dhomh e.

ROB MOR—Chan 'eil easbhaidh innleachd ann an diugh ; ach cha dean sin obair tigheadais, no tigh a réiteachadh.

IAIN OG—Ni, a cheart cho math agus a dheanadh do chomh-chreutair e, leis na h-innealan goireasach a tha aca.

ROB MOR—Gun teagamh tha na h-innealan paitl gu leòr, agus cha bheag am breitheanas iad do chuid. Cha ghabh iad fois na Sàbaid fhéin leo.

IAIN OG—Chan iad na h-innealan is coireach ri sin, ach an fheadhainn a tha 'g an cur gu droch fheum.

ROB MOR—Bha an saoghal móran na b'fhearr agus na bu shona an uair nach robh na h-innealan ùra ann idir.

IAIN OG—Cha chanadh sibh sin na'm faiceadh sibh an sealladh-inneal a chunnaic mise an Inbhirpheofharain bho chionn ghoirid, agus a h-uile h-aon diubh air a ghleusadh leis an dealanach.

ROB MOR—Tha mise faisg gu leoir orra mata. Bu dochá leam obair an tighe a dheanamh leam fhéin, lapanach agus mar tha mi, na dhol an eisimeil an dealanaich.

IAIN OG—Pif ! Tha e aca a nis fo cheannsal agus chan 'eil ni de chunnart ann ; agus tha mi fhéin dol a thoirt an dealanaich a steach gu mo chobhair le obair na fàrdaich.

ROB MOR—O, a bhalaich ! Feuch nach gabh thu aithreachas. Cia mar a tha thu an dùil a dheanadh an dealanach do chobhair ?

IAIN OG—Ni, ann an iomadh rathad. Ni e teine agus ni e solus, ni e am muidhe a chur mu'n cuairt agus cha bhi e fada toirt leis an ime. Ni e an tigh a sguabadh agus na soithichean a nigheadh. Buailidh e an t-arbhar, gearraidih e na sneupan, bleóghnaidh e an crodh ; agus chan 'eil an sin ach beagan de na ghabhas deanamh leis.

ROB MOR—B'e an t-iongantas e da-rileadh !

IAIN OG—An uair a gheibh mise e air a shocrachadh ceart anns an tigh thig sibhse a nall a choimhead orm agus chì sibh an t-sochar mhór a bhios ann—esan gu bitheanta ag oibreachadh agus sinne 'nar suidhe ag amharc air.

ROB MOR—Faodaidh mi sin ; ach cha mhór ciataiche a ghabhas mise dhe do thigh mur cluinn mi ann ach farum inneile. Bu dochá leam gu mór srann na cuibhle shniomha a chluinntinn ann agus crònan mnatha ris an t-sniòmh.

IAIN OG—Cha ruig a leas easbhuidh ciuil no seanachais a bhi oirbh. Bidh am bocsacagar air sgeilp ri bhur taobh agus cluinnidh sibh bhuaithe a h-uile naidheachd agus ceòl as annasaiche na chéile eadar so agus baile mór Lunnainn.

ROB MOR—B'e sin an ceòl gun bhlas a thig á sgòrnán tùchanach bocsá. Chan 'eil an

t-inneal sin ann a chuireas fonn air ceòl coltach
ri guth mhic an duine.

IAIN OG—Tha sibh ceart an sin. Chan 'eil
ni ann as taitniche leam fhein na bhi ag
éisdeachd ris na h-òighean a bhios a' seinn aig
na Mòid gach bliadhna.

ROB MOR—Thachair e dhomh. Cluinnidh
tu an sin an guth beò air a ghleusadh aig airde,
agus cha toir *organ* no *piano* bàrr air gu bràth.

IAIN OG—Chan e an guth a mhàin a shaoileas
neach a bhios ri seinn ach a' cholunn gu léir,
an aghaidh a' lasadh le aoibh agus na sùilean
a' dealradh leis an t-sunnd a tha anns a' chridhe.

ROB MOR—Thubhairt thu na bh'air. Bha
pròis orm fhein gu'n d'fhuair Seonaid
NicCoinnich duais airson seinn aig a' Mhòd
mu dheireadh.

IAIN OG—Thoill i e cuideachd. Is math a
thig e dhith dol a sheinn le a giùlan modhail.
Ach an cuala sibh mu'n inneal neònach eile
a thainig a mach bho chionn ghoirid? Inneal
a bhruidhneas leis fhéin.

ROB MOR—Cha chuala, agus is gann gu'n
urrainn dhomh sin a chreidsinn bhuat.

IAIN OG—Ged tha is i an fhìrinn għlan a
tha ann, agus cuiridh e am biadh air bhur
beulaibh air a' bhòrd.

ROB MOR—Seadh Iain, cha robh thu riamh
gun do bhraich 's a mħuileann. C' ainm a tha
aca air an inneal annasach sin?

IAIN OG—Their iad "Robot" ris.

ROB MOR—"Robot!" Tha mi gle dhuilich
gu'm biodh ainm cho coltach ri m' ainm fhéin
air ni de a leithid.

IAIN OG—Inneal feumail a tha ann, a dhuine.
Tha e ag obair aca anns na tighean-aoigheachd

an Lunnaidh agus an uair a phàidheas sibh e an déidh bhur bìdh fhaighinn bhuaithe bheir e taing dhuibh cho oileanach ri aon ghille coise a chunnaic sibh riamh.

ROB MOR—Cha b'fhuilear leam e. Innealan mi-chneasda a tha annta.

IAIN OG—Tha mi fhéin a' togairt a h-aon diubh fhaighinn. Bhiodh e feumail dhomh mu'n tigh, agus am bòrd agam a fhrithealadh 's na soithichean a thogail air falbh dheth.

ROB MOR—Obh, obh, Iain, cha mhór nach 'eil thu a' toirt gaire ormsa leis cho gòrach agus a tha thu. Nach bitheadh e móran na bu ghlice dhuit bean fhaighinn a dheasaicheadh do bhiadh, agus a fhrithealadh do bhòrd ?

IAIN OG—Tha e glé fhurasda dhuibhse sin a chantainn, ach theagamh nach tig an còta-gearr cho math do na h-uile fear agus a thàinig e dhuibhse.

ROB MOR—Thig an còta-gearr math gu leoир dhuit-sa cuideachd ma chuireas tu ort ceart e. Gille làidir, sgaireil coltach riut nach 'eil móran seachad air dà fhichead bliadhna, carson a bhiodh tu an imcheist mu dheidhinn, agus iomadh caileag bhòidheach anns an nàbaidheachd a dheanadh bean mhath dhuit na'm biodh meas agad air té dhiubh.

IAIN OG—Ciod e am math a ni sin dhomh mur a bi meas aice-se ormsa ? Agus eadar mi fhéin agus sibh fhéin is e tha an sin rud a tha a' fairtleachadh orm a dheanamh a mach.

ROB MOR—Thig ort sin fhoighneachd mu'n dean thu a mach ceart e. Tha mi a' samhlach-

adh gur i Seonaid a tha 'na d' aire 'n dràsd
oir is tric leis a' bhean agus leam fhéin a bhi
'ga do chur suas rithe.

IAIN OG—Agus a' bheil i 'ga ghabhail gu
dona ?

ROB MOR—Is fhada bhuaidh a ghabh i.
Chan 'eil ainm a chluinneas i as mothà a
chuireas de ghean oirre.

IAIN OG—A thaobh is nach 'eil an so ach
mi fhéin is sibh fhéin, ma ta, is ceart cho math
dhomh tighinn a mach leis. Tha an tigh agam
an ire mhath an òrdugh agus an uair a bhios
e ullamh bidh a h-uile goireas a tha a' dol an
diugh agam ann ; agus tha mi nis airson bean
laghach, shnasail fhaighinn a rachadh 'na cheann.
Mu'n d'fhàg mi an tigh chuir mi romham
Seonaid a choinneachadh air an rathad
dhachaidh bho Chomunn nam Ban agus gu'm
biodh e air no dheth an nochd, na'm faighinn
an cothrom.

ROB MOR—Sin mar a bhruidhneadh tu gu
duineil ! Agus an uair a dhealaicheas i fhéin
agus a' bhean bidh deadh chothrom agad air
a' chùis a chur ceart air an rathad dhachaidh
leatha.

IAIN OG—Cha b'urrainn a bhi na b'fhearr !
Agus ma theid an gnothuch leam cha bhi
farmad agam ris an righ air a chathair.

ROB MOR—Chi thu gu'n téid e leat cho math
'sa dh'fhoghnas oir bidh mise 'cluinntinn aig
uairean roinn de'n t-seanachas a bhios aig
Seonaid 's aig a' bhean mu do dheidhinn.

IAIN OG—Mo bheannachd agaibh, a Roib.
Is fheairrde mi gu'n d'thainig mi a choimhead
oirbh ; agus bidh mi nis a' falbh.

ROB MOR—Ciod eile dheanadh tu, agus biodh deadh mhisneach agad.

IAIN OG—Tha sin agam a nis, agus dh'fhaoidte gur miosa 'n t-eagal na'n cogadh.

ROB MOR—Is tric a thachair e, agus chì thu gur ann mar sin a bhios e an nochd.

IAIN OG—Tha mi ag earbsa gur ann, agus nach fhada gus an cluinn sibh crònan mnatha anns an tigh agam cho math ri farum inneile. Oidhche mhath leibh, a Roib.

ROB MOR—A h-uile h-oidhche dhuit, a bhròinein ; mar sin leat fhéin.

GAOL AGUS DUTHCHAS.

Le IAIN R. MACGILLE NA BRATAICH.

(Choisinn an luchd-cluiche a' cheud duais leis
a' Chomhradh so aig Mòd Ghrianaig, 1925.)

FLORAIDH—Thus' an so, a Mhairi ?

MAIRI—Tha mis' an so's tha 'chòir sin agam—
chionn tha am Mòd is na tha e a' ciallachadh
a' tighinn air mo réir.

FLORAIDH—Tha mi 'ga do thuigsinn. Mata
tha mis' an so cuideachd—biodh a' chòir mar
a thogras i—ged nach b'fhearr i na 'chòir a
bhiodh aig an duine bhochd a bhiodh ri
chrochadh an uair a bhiodh Mòd aig Mac an
Tòisich. Is ciamar a tha gnothuichean ?

MAIRI—Math gu leor ann an doigh ; ach a'
bheil fhios agad tha mi dìreach, dìreach air rud
a chluinntinn a tha 'cur dragha nach beag
orm—ach 's e rud e nach cuir dad de dhragh
ortsa.

FLORAIDH—Mur a cuir 's e nach 'eil àite
agam dha—cha chum an soitheach ach a
làn—is tha mo làn leòr de dhraghannan air
mo shiubhalsa mar tha. Ach ciod e th'ann,
a Mhairi, eudail ?

MAIRI—Nach 'eil gu bheil Anna bheag
Thearlaich—cia'r bith ciamar air an t-saoghal
a thainig e mu'n cuairt, té nach d'fhag bun

Airidhbheagaig—a' dol a phòsadh seorsa de thuathanach a tha taobh am muigh a' bhaile so fhéin.

FLORAIÐH—Tuathanach !

MAIRI—Seadh, ach ciod e is urrainn a bhi 'na leithid sin de dh'fhear. Fear Gallda air choir-eigin, gun tuigse chruthaicheadh air Gaidhlig, gun mheas air gnothuichean Gaidhealach sam bith. Nach cianail, cianail a leithid sin—is Anna bheag seach té sam bith.

FLORAIÐH—Hud ! Anna bheag, ghlic. Carson a bhiodh a leithid sin a' cur iomagain sam bith ortsa. Ma tha an gaol ann—agus is cinnteach leamsa gu bheil—nach e sin an t-aon ni a tha feumail. Creid thusa nach dean té de seorsa dad sam bith a bhios fad as an rathad.

MAIRI—Is e sin do bheachdsa tha fios agam, ach chan 'eil thusa ag gabhail uiread suim de'n cheart ni sin 's a tha mise. Is dh'fhaoidte nach e do bheachd idir e ach gur maith leat, mar a bu mhaith leat riabh, a bhi a' connsachadh riumsa, no ri cuid-eigin.

FLORAIÐH—Tha leithid sin de chonas 'nam ghnè-sa ceart gu leor, a Mhairi. Dé am feum dhomh dol as aicheadh air rud a dh'aithnichear gu furasda air faobhar m'aodainn, ach tha mise riaraichte gu leor 'nam inntinn gur a h-e gaol is riaghlaир anns na gnothuichean sin—agus 's e.

MAIRI—O ! direach. Ma their mise gur dubh am fitheach their thusa gu bheil lainnir air choir-eigin eile dheth. Chan e an gaol is riaghlaир. Buidheachas do'n Fhreasdal tha beagan air fhagail aig ciall té ged a bhitheadh an gaol 'ga buaireadh.

FLORAIDH—Far a' bheil an gaol—chan e
dìreach déidh, a Mhairi—ach an gaol, 's e
's éifeachd—an t-aon chumhachd a tha gun
choimeas air an t-saoghal so bhos, no thall.

MAIRI—Seadh ! seadh ! Neo'r thaing nach
e rud uamhasach a tha 's a' ghaol sin. Ach
c'ait a' bheil an seorsa gaoil sin r'a fhaotainn ?
Ma tha e ann an àit idir chan ann 's na cearnaibh
so. Chan 'eil agadsa fhathast, a Fhloraidh,
ach beachdan breagha, boillsgeach na seachd
bliadhna' deug a dh'aois.

FLORAIDH—Seachd bliadhna' deug, a Mhairi !
O nach b'e cuimhneachan gradhach dhuinn
le cheile an t-am sin, ged is cian bhuaidhe 's
roimh sin cuideachd an uair a bhitheamaid a'
dol do sgoil bheag Phlocaig comhla. Bha
thusa daonna math seach mise, a Mhairi.
Cha robh annamsa ach an spealg bheag, dhubb.

MAIRI—Bhiodh tu ri gu leor de chuilbheartan
beaga, is tu bhiodh sin.

FLORAIDH—Cha robh iognadh ann, is
b'fheudar dhomh. Bha an saoghal anns an
robh sinne 'n uair ud tuilleadh 's a chòir sàmhach
air son mo leithid-sa, ach gu firinneach glan,
a Mhairi, chan 'eil mise 'cur umhail air mo
chridhe gu bheil e aon dad ach mar a bha e an
uair nach robh mi ach seachd bliadhna deug.

MAIRI—Chan ann mar sin a thigeadh dhuit
a bhith mata. Tha gu leor, leor dhe'n t-saoghal
air dol seachad oirnn le chéile nis agus bu
chòir gu'm biodh mothachadh againn da
réir.

FLORAIDH—Is far nach 'eil sin dé an cothrom
a th'air, is ciod e am feum a bhith 'comhair-
leachadh. Cha tig fiacaill dhomh fhéin ach na



thainig, ach ciod e dheanadh tu fhein a nis, a Mhairi, na'm biodh tu an àite Anna ?

MAIRI—Mise ! Dheanadh nach pòsainn an duin' ud ged a bhiodh a chruachan feoir 'nan cruachan òir.

FLORAIDH—Chan e dhomh.

MAIRI—O sin thusa rithis ! C'ait a' bheil an gaol mór a nis a bha thu a' moladh ?

FLORAIDH—Tha e direach ann an so—deas. Ma's duine ceart a th'ann idir bhiodh gaol agamsa air ann am mionaid—na'm biodh e cho pailte sin de dh'òr.

MAIRI—Chan e gaol fior no ceart a bhiodh ann an sin idir.

FLORAIDH—Bhiodh e dhe'n t-seorsa tha dol co-dhiubh. Is tu fhéin a bha ag radh nach robh seorsa eile ann—ach 's ann a bhiodh e fuathasach fior—chionn cha bhi'n gaol a' tighinn uair sam bith gun aobhar air choir-eiginn air a shon ; is nach bu mhath da rìreadh an t-aobhar e uiread sin de dh'òr ?

MAIRI—Cha bu mhath, cha bu mhath. An àite sin 's e freumh gach uilc. An gaol a bhios ann bu chòir dha bhi pearsanta.

FLORAIDH—Chan 'eil mi cho cinnteach idir mu'n ghaol bheag phearsanta sin—gaol air aodann—sin na th'ann mar is bitheanta. Is ciod e tha dol a thachairt an uair a dh'fhalbas an t-aodann, is ciamar a tha chùis ri bhi an uair nach 'eil, 's nach robh riamh, móran aodainn sam bith ann. Nach b'fhearr gaol air chridhe is inntinn na eadhon air airgiod—chionn is math an caraid an t-airgiod ged nach biodh an còrr ann. Tha e math gu

leor dh'ad leithid-sa, Mhairi, bhi bruidheann mar sin air gaol pearsanta, ach ciod e tha mo leithid-sa ri dheanamh ?

MAIRI—Tha direach so—’s tha thusa cur romhad mo thogail cearr an uair a thogras tu fhéin—an ni bhiodh ceart ged a chailte an saoghal gu léir air. Tha mi ag innseadh dhuit nach pòsainn idir, idir am fear sin. B’fhearr leam mile uair fuireach mar a tha mi cia’r bith mar a bhithinn, chionn is fhearr an t-olc eòlach latha sam bith na’n t-olc aineolach.

FLORAILDH—Cha phòsadhbh, cha phòsadhbh ; ubh, ubh, cha phòsadhbh, ’s tua nach pòsadbh. Ach chuala mise o chionn fada ’n sud mu thé eile bha toirt a mionnan nach rachadh ise gu bràth le deòin le mac òg an Iarla Ruaidh—pailte ’s gu’n robh a chuid—gus an cuireadh a’ bheinn a bha shios oir eile oirre ris a’ bheinn a bha shuas. Ach mu dheireadh thall, ’s gu’n an duine bhi na b’thaide na bliadhna, chaidh i ann. O creid gur h-ise chaidh—’s ma’s flor an sgeul cha robh cion gaoil oirre.

MAIRI—Cha robh an sin ach bàrdachd. Is ann tha mise a’ tighinn air rùintean reusanta mar a tha iad sin ri’m faotainn ’s an t-saoghal an da-rìreadh.

FLORAILDH—Creid thusa mise, Mhairi, tha an saoghal mar a tha e an ceart da-rìreadh cho loma làn de’n t-seorsa bàrdachd ud ’s a tha an t-ugh de’n bhiadh. Ach ciod e th’agad an aghaidh an tuathanaich ?

MAIRI—Chan aithne dhomhsa uiread is ainm an duine, a Fhloraidh. Chan ann an aghaidh an duine e fhéin—mar dhuine—a tha mi idir, tuig sin. Ach tha mi air móran de m'inntinn a

thoirt do'n cheart cheist do'm buin an fhreagairt so a tha thusa 'g iarraidh.

FLORAIDH—O chiall, an e gnothuch cho fuathasach sin a th'ann ?

MAIRI—'S e. Tha mi air tighinn a dh'ionn-suidh a' cho-dhunaidh gu bheil móran de ar seorsa-ne caoin-shuarach agus anabarrach dearmadach mu dhéidhinn ardleasnasdo'dhùthchas.

FLORAIDH—So a nis—'s ciod e tha sinn a' dearmad dhe na tha ceart 's a deanamh dhe na tha cearr ?

MAIRI—Tha so. Ged a tha sinn gu soilleir a' faicinn ar cinnidh a' dol s'os, 's a' crionadh as uidh air n-uidh, a' call inbhe am measg nan slògh 's a' tuiteam an dlobhail misnich, tha móran dhinne a' pòsadh am measg nan Gall 's a' treigsinn ar dùthchasachd fhéin.

FLORAIDH—Is ma tha coire 'n sin chan ann oirnne tha i air fad. Tha na daoine na's miosa na sinne—is bha riamh.

MAIRI—Chan ionann do na daoine. Is e còir an duine a bhean a thoirt dhachaидh leis da dhùthchasachd fhéin, is ni e sin ma's duine idir e. Ach co dhiubh theid ise ann no nach teid faodaidh esan e fhéin fuireach ann. Is mar sin mur a bi buannachd 's a' chùis cha leig e leas call a bhi ann co dhiubh. Ach is ann is mìorbhuitreach gu bheil dùthchas idir air fhàgail againn gus Mòd a dheanadh mu dhéidhinn.

FLORAIDH—Agus a bheil thu fhéin, a Mhairi, ag ràdh riumsa na'n gabhadh gille gasda, Gallda gaol ormsa—aig an Fhreasdal fhéin a bhiodh fios carson a dheanadh e sin—ach abair na'n gabhadh, an robh agamsa ri mo chridhe a chràdh, ma dh'fhaoidte, 's a dhiùltadh?

MAIRI—“Lean gu dlùth ri cliù do shinnisir” is chi thu fhéin gur ann as toilichte bhitheas tu uile laithean do shaoghal.

FLORAIDH—Tha sin ceart gu leor ’s tha mi leat cho fada sin. Is toigh leinn gu cinnteach ar cainnt ’s ar cleachdainean fhéin dìreach mar is gràdhach leinn ar párrantan, ach, a Mhairi, chan ’eil annainne ach boirionnaich ’s tha e air a radh nach còir dùthchas a bhi aig bean no aig sagart; is co-dhiubh, dhiubh chan ’eil sinne ’faotainn mar is trice ach roghainn de’n chuid as miosa. Ma tha daoine Gaidhealach an ti air mnathan Gaidhealach tha gu leor dhinne ann—agus droch coinneamh orra mur a tig iad ’g ar n-iarraidh ciod e is urrainn sinne dheanamh fo na riaghailtean leth-taobhach a th’ann. Fuirreach an e? O seadh dìreach, “fuirich thusa ’n sin gus an tig feum ort” mar a thuirt am fear a thiodhlaic a bhean. O gu dearbh, ’s tha sinne ri bhi chòrr, fhad’s a chi mise, co dhiubh dh’fhanas sinn na dh’fhalbhas sinn.

MAIRI—Chan ’eil thusa, Fhloraidh, a’ breithneachadh na cùise gu ceart. Seall fhéin mu’n cuairt ort is gabh beachd orra-san a rinn pòsaidhean faontrach. Nach e so a tha follaiseach gur sona gu mór ise a chaomhain a dùthchas fhein, eadhon ’na h-aonar, ’s a chothach i fhein ’s an t-saoghal gu toilichte mar sin, na ise dh’lobair a còir-bhreith Ghaidhealaich.

FLORAIDH—Mata, mata, Mhairi. Fhad’s a thuig mise làndur chlann daoine gus a so chan ’eil an gaol uile gu léir ’na shùgradh, ach ma bheir thusa chreidsinn ormsa nach bu choir do nighean Ghaidhealaich sam bith—sin té aig a’ bheil Gaidhlig—gaol a ghabhail air

fear Gallda, 's nach bu chòir do dhuin' uasal coigreach sam bith gaol a ghabhail air té dhinne, aidichidh mise 'n uair sin gu toilichte gu bheil stà 's an argumaid agad 's gu'm bu chòir dhuinn uile ar beatha riaghadh a réir ar dùthchais.

MAIRI—Thubhairt thu e—a' cheart rud—'s cha luga na e a shaoras an aiteam bheag de'n dream do'm buin sinne, 's a chaomhnais gach saoibhreas cridhe 's inntinn a thugadh dhuinn r'a ghleidheadh 'n ar cànan agus creid thusa so bhuamsa, a Fhloraidh, theid dùthchas an aghaidh nan creag agus gabhaidh an gaol stiuireadh.

FLORAIDH—Gabhaidh, a Mhairi, gus an cuir sin mise agus tusa le chéile, ma dh'fhaoidte, air a' chladach leis. Ach och 's e seorsa de thoimhseachan-tarsuinn a th'anns a' cheist air fad. Am facal a their sinn air an rathad so chan e their sinn air an rathad eile. Is math dhuit fhein, co-dhiubh, aig a' bheil inntinn cho suidhichte air na puingean a th'ann —ach stad ort, o'n a tha e tighinn gu mo chuimhne. Nach bu ghasda fhéin an gille bha an Ailean òg a bhiodh a' tighinn comhla r'a athair a dh'iasgach na h-aibhne againne? Na bi tionndadh t'aodainn air falbh bhuamsa a Mhairi. Nach math a tha fhios agad nach do cheil mise dad dhe mo chridhe ort riamh—na thusa orm—'s tha e ceart gu leor a nis co-dhiubh.

MAIRI—Is e rud gle dhuilich a bha sin.

FLORAIDH—Chan e. An rud nach 'eil 's an dàn cha tachair e. Ach gu h-onorach ma bha meas agam air duine riamh bha meas agam air Ailean 's bha leithid eile aig orm,

gus an d'fhuair e sealladh ortsa 's an do chaill e a shealladh air a h-uile té eile ; agus dé a b'urrainn dhomhsa dheanadh air uairean ach an rud a rinn a' chailleach—a chead a thoirt do'n laogh nuair nach b'urrainn dhi a chumail—ach cha do lughdaich sin ar càirdeas mar chàirdeas. An e nach pòsadh tu esan, Gaidhlig aige no bhuaidh.

MAIRI—Cha mhise thug bhuit e. Thainig e le a shaor thoil fhein.

FLORAIDH—Tha fhios agam fhein gu maith air a' chuid sin. Innis thusa dhomh an rud a dh'fhaighneachd mi ?

MAIRI—Chan innis a chionn cha d'iarr e mi cho cinnteach sin. Ach innsidh mi so dhuit, is dh'innis mar tha, gu'm bu dochá leam e na duine thachair orm riamh 's chan 'eil fhios agam air an t-saoghal c'ait an deachaidh e o chionn fada.

FLORAIDH—Is ciod e mata mu dhéidhinn Alasdair Eachainn ? Bha de Ghaidhlig aigesan na dh'fhoghnadh do dhithis 's b'e an gille glan e a bharrachd air a sin.

MAIRI—Is e sin fhein a bh'ann, ach cha robh e fuathasach soirbheachail 's an ait an robh e sud, is thug e thairis air—'s bha an dealachadh buileach.

FLORAIDH—Is ann dìreach mar sin a bha. Bha h-uile sion a bh'ann ceart gu leor ach an t-airgiad. B'fhearr leamsa gur h-e mi fhuair do chothrom. Ach tha thu a' tighinn thugam, a Mhairi. Air m'fhacal is ann a bha mi ag gabhail seorsa de dh'eagal gu'n robh thu air tionndadh 'n ad bhan-fheallsanach ro-ghlic

uile gu leir airson an t-saoghal so th'ann.
Ach tha thusa cho tais 's a bha thu riamh,
a Mhairi, eudail nan nighean.

MAIRI—Ach is ann a tha thus' ag ùrachadh
rudan dhomh a tha 'g am ghortachadh.

FLORAIDH—Tha mi duilich, duilich ; fuath-
asach duilich, a Mhairi. Chan 'eil fhios agam
fhein a bheil alt sam bith agamsa air do chridhe
beag, gaolach a leigheas ; so a nis, mur a dean
sin e (*a'sineadh dhi litreach*) tha mise fada cearr
am bharaill.

MAIRI—Co bhuaidhe so.

FLORAIDH—Leugh fhein i. Thug e dhomhsa
i ri toirt dhuit. Dh'innis mise dha gu'n robh
thu so. Cha b'aithne dhomh c'aite 'n robh
thu a' fuireach.

MAIRI—A Fhloraidh ! Is ann bho Ailean a
tha i.

FLORAIDH—Is ann, thubhaint mi ris na'n-
sgriobhadh esan i gu'n toirinn fhéin dhuit i.

MAIRI—Is tha e a' fuireach shios an rathad
so fhein.

FLORAIDH—Tha direach—'s esan an tuath-
anach. Baile mór chruidh is chaorach aige.

MAIRI—A Fhloraidh ! Na bi tarruing asam
mar sin. Tha h-uile dad dhe so air dol gu
mo cheann. Ach co, mata, a thog an naidh-
eachd ud mu dhéidhinn Anna bhig 's e fhein ?

FLORAIDH—O, co ach te nan cuilbheartan ;
mi fhéin a dh'iarr air Niall sud a radh riut.

MAIRI—A Fhloraidh ! Gu fior glan chan
'eil thu fhathast latha bharrachd air na seachd
bliadhna deug !

FLORAIDH—Mo léir chràidh ! Chan e latha
th'ann gu dearbh ach dà latha bho bha mise-
'n aois sin.

MAIRI—Chan 'eil miøthlachd ort rium, a Fhloraidh ?

FLORAIÐH—O, gu dearbh fhéin chan 'eil—'s an uair a thig an t-àm gu ma math a mhealas tu do naidheachd, a h-uile latha ri do bheò.

MAIRI—An tig thu g'am fhaicinn ?

FLORAIÐH—Bi glé chinnteach gu'n tig.

MAIRI—Is an uair a thig thu tha mi'n dòchas nach bi thu leat fhein !

FLORAIÐH—Bheic mi m'fhasal dhuit nach bi—is tomhais co bhios comhla rium ?

MAIRI—Chan 'eil fhios agam air an t-saoghal !

FLORAIÐH—Mata bithidh Alasdair Eachainn. Tha e air tilleadh á America Deas is cheannaich e tigh Shuardail. Is ciod e nis do bheachd fhéin air gnothuichean ?

MAIRI—Alasdair ! O chiall beannach mi ! Tha a bharail nach do thachair a leithid eile so riamh—ach O nach e Ailean a dh'fan dileas——

FLORAIÐH—Is e. Cha robb air an duine bhochd ach an ni bhios air daoine matha 'm bitheantas—cion misnich—gus an d'fhuair mi fhéin 'na charaibh. Is nach math a nis an gaol a bhith cho cinnteach sin an toiseach. Chan 'eil aon eagal idir orm nach cuir thu fhein an dùthchas air doigh ceart gu leor—ach a chiall coisich a mach as a so. Tha daoine 'toirt an aire dhuinn. Agus a nis, a Mhairi, eudail, gu'm b'i sin a' Ghaidhlig mhaith a theagaisgeas tusa do dh'Ailean.

MAIRI—Bheir mi mo ghealladh dhuit cho cinnteach 's a tha mi'n so—stad thus' ort gus an tig an ath Mhòd.

COINNEACH BEAG AGUS DOMHNULL BAN ANN AN TIGH CHOINNICH.

Le DONNACHADH MACDHOMHNUILL, Leòdhas.

COINNEACH (*'na shuidhe air a' bheinge a' leughadh "An Albannaich."*)

DOMHNULL (*a' tighinn a steach air a shocair le a phìob 'na phluic.*) Fàilte stigh. Tha mi a' faicinn, a Choinnich chòir, gu bheil thusa aig na paipearan-naigheachd mar is àbhaistduit. Is ann agad a tha an déidh orra.

COINNEACH—Dean suidhe steach ris an teine, a Dhomhnuill, a bheil sibh gu leir 'nar slàinte shilos ann an Liana nan Currucag an diugh?

DOMHNULL—Chan eil guth dhuinn ann. Tha sinn uile air ar cois agus an ceann ar gnothaich.

COINNEACH—Is mór am beannachd sin, a Dhomhnuill, Nach maith, bechd 's mar a tha sinn anns an eilean so, gu bheil slàinte, sìth agus sàmchar againn ann.

DOMHNULL—Is maith da rìreadh, agus bu chòir dhuinne a bhi tàinéil gu bheil na beannachdan móra sin againn. Ach siuthad an dràsda, thoir dhomh do naigheachd. Is e sin direach a gluaís o'n tigh mi.

COINNEACH—Chan eil gainne air naigheachdan de'n t-seòrsa a tha ann. Tha mi a' faicinn anns a' phaipeir so gu bheil Pàrlamaid ùr aca air a cur air chois bho chionn ghoirid, agus, gu

dearbh, ma ni na seòid ud cho ma' th 's a gheall iad cha bhi dith bith-beó oirnne anns an eilean bhochd so.

DOMHNALL (*a' biorachadh a chluasan*)—Ma ta, mil air do bhial, a charaid! Chan eil droch fhéum againne air. Ma ghabhas roimh chùisean chan fhada gus am bi sinne air Bòrd-nam-Bochd. A bheil guth aca idir air airgiod a thoirt duinn air son rathaidean?

COINNEACH—Tha, ma gheallas sinn fein ceathramh earrann na cosguis a dheanamh suas. Chan fhaigh thu sgillinn ruadh á línéan na cuideachd ud gun fhios Carson.

DOMHNALL—Chan iad dad is fhearr na n' fheadhainn a bha ann rompa.

COINNEACH—Bó odhar mhaol agus bó mhaol odhar. Tha an dara fear mar am fear eile. Ni iad othail gu leòir an uair a bhios iad ag iarraidh a steach do'n Phàrlamaid—diréach mar a bha am fear a bha a' bearradh na muice ag radh, “Móran éigheach ach beagan cloimhe.”

DOMHNALL—Thubhaint thu diréach a dh'aon fhacal e. Ach bha dùil againne an uair a gheibheadh an Riaghlaadh ùr a steach nach biodh slon againn ri a dheanamh ach fios a chur thuca airson airgid. Fhuair iadsan a steach ach sealladh sinne a mach.

COINNEACH—Biodh foighidinn agadsa agus thig cabhair fhathast. Cho luath agus a gheibh iad airgiod bheir iad dhuinne rud-eigin.

DOMHNALL—Cha leig thu a leas a bhi ag gabhail an taoibh idir. Chan eil guth aca oirnn. Ach tha mise ag ràdh riut gur h-ann bu chòir breith air chaol dà chois orra agus na cinn aca a sgailceadh ris an ursainn.

COINNEACH—(*a' briseaāh air a ghiire*)—Dean thusa rud beag air do shocair an dràsda, a Dhomhnwill, agus innsidh mise dhuitse mar a tha cùisean. Chan eil sgillinn aig a' Phàrlamaid ach na tha an rioghachd a' toirt a steach le cisean 's le rudan eile.

DOMHNULL—(*ag coimhead gu colgail*)—Chal leig thu a leas a thoirt a chreidsinn ort féin gu'n téid agad air mise a chur air ghocaireachd idir, a bhalaich. Tha de dh' airgiod aca nach eil fios aca ciod e a ni iad ris, agus is maith a dh' fhaodadh iad beagan deth a chur thugainne na'n togradh iad féin. Chan ionndranadh iad uapa e. Ach na truthairean a tha iad ann, is ann a tha iad 'g a ghleidheadh air an son féin.

COINNEACH—Chan ann idir. Chan eil aca ach na gheibh iad bho shluagh na rioghachd, agus féumaidh iad cunntas a thoirt as a h-uile peighinn deth. Chan eil iad a' cumail riutha féin deth na chuireadh ceann-righ air litir.

DOMHNULL—Bheir iad sin a chreidsinn ortsa, a bhròinein, agus air do sheòrsa, ma chuireas iad slos anns na paipearan-naidheachd e. Ach faodaidh tusa a bhi cinnteach gu bheil imlich na corraig aig na seòid ud de na tha a' ruith tre an làmhan bho latha gu latha.

COINNEACH—Tha cosguis mhór air an rioghachd so. Tha arm-mara, arm-tìre, maighstirean-sgoile, agus seirbhisich a' chrùin ri an cumail suas. Seall féin an liuthad seòrsa pension a tha iad an diugh a' toirt seachad.

DOMHNULL—Tha mi dìreach air mo thàm ailteachadh eadar a h-uile rud a tha ann. Faic am maighstir-sgoile againn féin le còrr agus ceithir chiad punnd Sasunnach de thuarasdal anns a' bhliadhna. Agus ciod a

tha e a' deanamh airson a phàighidh ach a' bhochdainn. Tha e 'na dhuine-usal a' falbh ann an carbad-ola agus a' chlann bhochd air am fàgail gun fhoghlum. Sin agad uile 's na tha againne airson na tha sinn a' cosg ris an sgoil.

COINNEACH—Tha thusa tuilleadh is trom air a' mhaighstir-sgoile agus air a' chloinn.

DOMHNULL—Agus nach eil làn thide agam! Chan eil a' chlann an diugh a' faighinn foghluim ann. Is ann a tha iad air an toil féin. Leabhar chan eil 'ga fhosgladh aig an tigh; ach abair thusa nach eil gainne air pròis, air dalmachd, agus droch oilean. Ma bheir thu comhairle-orrà is ann a ni iad gàire fanoid riut ann an clàr an aodainn. Sin agadsa duais foghluim an latha a rug oirnne.

COINNEACH—Chan eil mise ag ràdh idir gu bheil cùisean cho math is bu choir dhaibh.

DOMHNULL—Chan eil idir, agus tha làn thide againne craiceann a' bhuinn a chur air a' bhathais. Ma dh'iarras tu air leanabh òg an diugh na litrichean a ghabhail dhuit chan eil duine geal a thuigeas e. Is ann a tha an rud a chanas e coltach ri gogail nan cearc.

COINNEACH—Is e sin am fasan tìr a tha aca an diugh air na litrichean a thoirt leotha—rud ris an can a' bhan-sgoileir *phonetics*. Agus tha mi féin de'n bheachd gur h-e móran is fhearr na'n dòigh a bha againne an uair a bha sinn òg.

DOMHNULL—Chan e idir, agus tha a' bhuil air a' chloinn bhochd. Na'm biodh na cothraman a tha aca an diugh againne 'nar latha féin bhiodh sinn 'nar professoran leis an fhoghlum a bhiodh againn. Tha tuilleadh is

cus 'ga dheanamh ri clann ar latha-ne. An àite nam ba'ach a bhi cruaidh, tapaidh, smiorais ann a tha iad nam buigneagan coltach ri peata-caillich.

COINNEACH—Tha thu ceart. Tha mi féin is tu féin air an aon fhacal an dràsda.

DOMHNULL—Tha mi ceart. *Dentist* airson nan sùl an diugh, agus *dentist* airson nam fiacal am màireach aig an sgoil ud shios, agus is dòcha roimh cheann na seachdain gu'm bi lighiche ann a' sealltuinn ach a bheil briseadh-troimhe air a' chloinn.

COINNEACH (*a' toirt sgrìoba air a cheann*)—Sin thu fhéin, a Dhomhnull, is tu a tha ann fhathast. 'S ann duit féin a thigeadh a dhol riutha. Ach a bheil fhios agad gur e sinne a tha a' pàigheadh gach gleòran ruadh de chosgais nan daoine sin ?

DOMHNULL—Tha agus faireachdainn, ach chan eil mi ullamh fhathast. Thàinig fear an dé a shealltuinn duit cia mhiad sùil bu chòir a bhi ann an sgealb bhuntata. Thàinig fear eile an diugh dh'fheuch am faiceadh e cia lion tarrang a bha Iain Sheòrais ag cur an sailean tighean a' Bhùird, agus faodaidh gu'n tig té am màireach a dh'innseadh dhuit ciamar a bheir thu air na cearean uibhean a bhi aca. Cha b'ioghnadh leinne sin ach iadsan cuideachd. Bha fios againne air na rudan ud mu'n tàinig iad as an ubh.

COINNEACH—Agus a h-uile mac màthar dhiùbh air an carbad air cosguis na rioghachd !

DOMHNULL—Nach e sin, a Choinnich ! Ged a thigeadh beagan airgid a mach air son rathaid a' ghlinne bithidh a' chuid is mothach dheth air a chosg aig na h-àmhlairean ud mu'n ruig

sgillinn deth sinne. Ach faodaidh sinne a bhi ag éigheach ach bithidh an t-ìm aca-san.

COINNEACH—Bha mi a' leughadh anns a' phairean diugh fhéin gu bheil iad a nis a' dol a thogail aois na sgoile gu còig bliadhna deug, agus gu féum gach balach is nighean, a chumar 's an sgoil an deidh dhaibh ruighinn ceithir bliadhna deug, còig tasdan fhaighinn gach seachdann. Ciod e do bheachd féin air a sin, a Dhòmhnuill? Is iomadh té mhath a chuala mi agad.

DOMHNULL (*'ga chiortalachadh fèin air a' bheinge'*)—Tha mi seachd searbh de na h-uile rud a tha ann! Co a chuala riamh a dhà leithid? C'aité a bheil gnothaichean a' dol a stad? Cha do sguir iad gus an d'fhuair iad air pensionan a thoirt do chloinn na sgoile féin. Co dha a bheir iad an ath phension? Bheir, tha mise cinnteach, do'n fheadhainn a bhios aca anns a' phrlosan.

COINNEACH—Tha luchd-riaghlaidh an latha diugh air dol as an rian. Bu chòir dhaibh ciall a bhi aca c'aité an stadadh iad. Tha mi aontaichte gu leòir ri pension fhaicinn aig seann daoine agus aig bantraichean, ach an uair a tha iad ag iarraidh pension a thoirt do'n chloinn tha e 'na thilde spearraach a chur orra; agus chan ann roimh an mhithich.

DOMHNULL—Tha iad air mo liathadh leis an dol a mach a tha aca! Carson nach tugadh an Riaghlaidh duinn airgiod airson deanamh rathaidean, agus làimrigean, agus ceannach bhàtaichean? Carson nach deanadh iad oidhirp air stad a chur air na bàtaichean-sgrìobaidh? Na'n deanadh iad sin bhiodh cosnadh gu leòir againne. Ach nach mise a tha gorach

an uair nach eil sion saoghalta air an aire ach airgiod gu leòir a chumail ris an fheadhainn is fhaide a chaidleas agus is leisge anns na bailtean móra. An àite cuideachadh a thoirt do na daoine a dheanadh cosnadh is ann a tha iad a' toirt an airgid daibhsan nach eil ag iarr-aidh cosnaidh ann.

COINNEACH—Bhuail thu dìreach an tarrang air a ceann an dràsda, a Dhomhnuill. Ach chì thusa gun cuir iad an rioghachd chun na bochdainn fhathast le an cuid gòraich. Ma dh'éireas cogadh a rithist cha dean muinntir an *dole* a bheag dhaibh an uair a thig a' chùis gu h-aon is gu dhà.

DOMHNULL—Fuireadh iadsan orra, ach gheibh sinne ar latha féin orra fhathast. Bha na Gàidheil gu so a' seasamh na rioghachd, ach cha bhi iad cho ullamh ma thig an ath chogadh. Cuireadh iad na daoine do'm bheil iad a' toirt an airgid a sheasamh na dùthcha. Ach is mór m'eagal gur beag a dheanadh iad an uair a chasadh nàmhaid orra.

COINNEACH—Nach ann a bha an latha ann an uair nach robh bàta-sgriobaidh, no pension no *dole* idir ann.

DOMHNULL—B'e sin an latha agus cha b'e an latha a rug oirnne a nis. Cha b'iongnadh gum b' e a b'fhiach a mholadh. Tha iad ag radh gun tainig foghlum, rian, is solus a steach, ach ma thainig fhuair an càirdeas, an coibhneas agus an comhfhaireachdainn an t-sitig.

COINNEACH—Chan eil mise ag ràdh idir nach eil smior na firinn agad an dràsda.

DOMHNULL—Tha smior na firinn agam gun teagamh. Tha fasanan ùra gu leòir againn, ach dé a tha sin a' deanamh ach a' mealladh

dhaoine air falbh bho an dachaidhean gu faoineasan an t-saoghal so. Biadh-nodha, aodach nodha, innealan nodha, fiaclan fuadain, tighean geala le àirneis is le seomraichean ionnlaid, boireannaich air an dathadh is air am bobaigeadh, daoine a falbh na sràide gun chòmhachd cinn, organ agus piano—a h-uile sion ùr: chan eil fiù, a nis, nach eil iad air diadhachd ùr fhéin a lorg. Tha mise an dòchas gu'n toir Dia dhachaidh mi mu'm beir an còrr orm de na breitheanais a tha ri teachd an cois mi-dhiadhachd ar latha.

COINNEACH—Tha cùisean air dol ro-fhada, a Domhnill, ach nam biodh fios c'aité an stadadh iad bhiodh rud-eigin air.

DOMHNULL—C'aité an stad iad! Ma ta, is ann aig Sealbh Mór fhéin a tha fios. Ach ma ghabhas roimh chùisean mar a tha iad, chan fhada a théid Mairi, mo bhean, a dh'iarraidh iasad mine air a ban-nabaidh gun charbad òrdachadh a dh'fhalbas 's a thigeas leatha.

COINNEACH—Chì thusa mar a thachras. An an ùine ghoirid chan aithne do 'dhaoin ciamar a choisicheas iad. Tha iad an diugh ag gabhail nan carbad do'n t-searmoin fhéin.

DOMHNULL—Nach ann agam a tha fios. Chosg an teaghlaich agam suas ri nota ri carbadan aig na h-òrduighean mu dheireadh. Ach, a Choinnich, is beag gutha a bha agam féin agus agadsa air carbad an làithean ar n-òige. A bheil cuimhne agad an uair a bhiodh sinn gun bhròig gun stocainn a dol a choinneachadh nan eathraichean? Na 'm biodh reothadh no

sneachd ann bheireamaid leinn fàd air an seasadh sinn air a' chladach. Nach bu sinn na balaich ?

COINNEACH—Agus is ann oirnn nach tigeadh an cnatán. Ach ma ni balach an diugh sreothart théid fios a chur air ban-eiridinn.

DOMHNULL—Dìreach mar a thubhairt mi mar tha. Nach eil a' bhuil orra fhéin agus air na leigeasan glasa aca. Mar a thubhairt am fiosaiche glic, Coinneach Odhar, “Fàsaidh daoine cho lag is gu feum seiseir dhiùbh a dhol a bhuain na h-aon chuisseig.” Càite am faigh thu duine air druim an aon bhaile riut an diugh a thogas “clach an ultaich” ud shuas ? Dh'fhalbhadh Tormod bràthair m' athar leatha fo achlais.

COINNEACH—Chan eil guth 'nar latha-ne air iomain le caman is le ball glaodhaidh, no air tilgeadh na dòrnaig, ach air cluiche air *football*. Tha neart 'sam bith a tha annta air dol sios do'n casan.

DOMHNULL—Chan eil ach beagan smuaise anns na casan féin aca. (*Ag eirigh 'na sheasamh*.) Ach 'se mise mar a tha mi air mi féin a chall ! Is fhada á so tìgh Iain Spàgaich ! Ciòd e an tide dh' oidhche a tha ann, a Choinnich ?

COINNEACH (*a' sealltuinn ris an uaireadair*)—Tha e direach air buille nan deich uairean.

DOMHNULL—An i uair na gréine a tha agad ?

COINNEACH—Chan i idir, ach uair *Lloyd-George*.

DOMHNULL—Chan iongnadh ged a thigeadh breitheanas air an tir an uair a ghabhadh daoine a dh'anam orra uair *Lloyd-George* a thoirt a steach agus uair an Tighearna a chur a mach.

COINNEACH—Tha thu a' dol ro-fhada an dràsda. Chan eil cron 'sam bith anns an uair ùir. Siuthad, siuthad, dean suidhe agus cuir thuige do phìob. Tha tide gu leòir agad falbh fhathast. Chan eil an oidhche ach òg.

DOMHNALL—Tha eagal orm gu'n tig orm falbh an dràsda, ach thig mi a nuas oidhche-eigin feuch an cluinn mi dé a tha a' Phàrlamaid a dol a dheanamh ruinn.

COINNEACH—Ceart gu leòir, mata.

DOMHNALL—Oidhche mhath leat. B' fheairr-de mi an conaltradh a bha agam riut.

COINNEACH (*ag éirigh*)—Oidhche mhaith leat, mata, ach féuch nach tuit thu air muin na ba riabhaich 's an dol a mach dhuit.

DOMHNALL—Is mise nach tuit.

COINNEACH—Greas ort a chéilidh a rithist.

DOMHNALL—Is mise a ni sin. A h-uile latha a chi 's na fhaic. Och, mo chreach !

COINNEACH (*ag éirigh a rithist*)—Is mi a thubhairt gu'n tuiteadh tu !

DOMHNALL (*ag éirigh*)—Na caraich, chan eagal domh. Gheibh mi féin an dorus le mo làmhan.

